



Social Security Scotland  
Tèarainteachd Shòisealta Alba

# A' gluasad bhon Chuibhreann Ciorraim gu Pàigheadh Ciorraim Inbhich.

Ma tha thu a' fuireach ann an Alba agus a' faighinn a' Chuibhrinn Chiorraim (DLA) bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinseanan (DWP), gluaisidh do shochair ciorraim gu Tèarainteachd Shòisealta Alba.

Tòisichear air a' phròiseas gus tabhartasan DLA a ghluasad chun Phàigheadh Ciorraim airson Inbhich air 29 Lùnastal 2022. Tòisichidh sinn a' gluasad do thabhartas DLA bhon cheann-là seo ma rugadh tu air neo an dèidh 8 Giblean 1948, agus:

- ma dh'aithris thu don DWP gun robh atharrachadh nad chor slàinte
- ma fhuair thu tabhartas DLA a tha gu bhith a' crìochnachadh no ag ath-nuadhachadh
- ma dh'iarr thu oirnn do shochair a ghluasad a-null.

Mur eil na tha gu h-àrd a' buntainn riutsa, gluaisidh do thabhartas air ceann-là nas anmoiche nach deach a shuidheachadh fhathast.

## **Dè a thachras aig àm gluasaid?**

Leanaidh an DWP orra gad phàigheadh gus an tòisich sinne air do phàigheadh.

Air do Thèarainteachd Shòisealta Alba do shochair a ghluasad, pàighidh sinn dhut tabhartas Pàigheadh Ciorraim Inbhich eadar-amail. Bidh an t-aon sùim ann ri do Chuibhreann Ciorraim. Cha bhi dàil sam bith nad phàigheadh.

Cha dèan sinn ath-mheasadh no ath-sgrùdadh air do thabhartas aig àm a' ghluasaid.

An dèidh a' ghluasaid, cuiridh sinn foirm thugad airson a bhith ag ath-sgrùdadh do thabhartais a rèir an t-suidheachaidh agad an-dràsta. Thèid do thabhartas ath-sgrùdadh a rèir riaghailtean airidheachd a' Phàighidh Chiorraim airson Inbhich. Dh'fhaodadh seo do phàigheadh atharrachadh, leis gu bheil Cuibhreann Ciorraim is Pàigheadh Ciorraim Inbhich eadar-dhealaichte.

## **Cò dha a chuirear fios ma dh'atharraicheas càil**

Ma dh'atharraicheas càil ri linn an tar-aiseig, feumaidh tu fòn an-asgaidh a chur gu an DWP cho luath 's a ghabhas air 0800 121 4600.

Tha seo a chionn 's gur e an DWP a dhèiligeas ris an tabhartas agad gus ceann-là tòiseachaidh Pàigheadh Ciorraim Inbhich.

## Atharraichean eadar an Cuibhreann Ciorraim agus Pàigheadh Ciorraim Inbhich

- tha trì ìrean pàighidh aig a' phàirt dhen DLA airson cùraim (as ìsle, sa mheadhan no as àirde) agus tha dà ìre aig a' phàirt dhen Phàigheadh Ciorraim Inbhich airson bith-beò làitheil (àbhaisteach no meudaichte).
- Thathar a' measadh Pàigheadh Ciorraim Inbhich a rèir slatan-tomhais a tha eadar-dhealaichte bhon DLA.
- Tha Pàigheadh Ciorraim Inbhich a' toirt fa-near do chomas air grunn ghnìomhan sònraichte a dhèanamh agus a' riarachadh puingean a rèir a' chuideachaidh air an cuireadh tu feum gus an coileanadh
- Cha dèan Pàigheadh Ciorraim Inbhich sgaradh eadar do chuid feuman latha is oidhche agus thèid beachdachadh air do chomas-gluasaid ann an dòigh eadar-dhealaichte bhon Chuibhreann Ciorraim (DLA). Mar eisimpleir, dh'fhaodadh daoine "nach urrainn, no cha mhòr nach urrainn, coiseachd" an ìre as àirde dhen phàigheadh airson comais ghluasaid fhaighinn. Faodaidh tu an ìre cho-ionann dhen Phàigheadh Ciorraim Inbhich fhaighinn mur urrainn dhut coiseachd còrr is 20 meatair a dh'astar.
- Tha Pàigheadh Ciorraim Inbhich a' toirt fa-near ciamar a bheir an ciorram buaidh air an neach seach a bhith ri co-dhùnaidhean a rèir an diagnois a-mhàin.
- ma nithear diagnos gu bheil cuideigin a' fulang le tinneas marbhtach, bidh iad airidh sa bhad air na pàirtean bith-beò làitheil agus comas-gluasaid fon ìre mheudaichte de Phàigheadh Ciorraim Inbhich
- tha an dòigh sa bheil Pàigheadh Ciorraim Inbhich a' mìneachadh tinneas marbhtach eadar-dhealaichte bhon Chuibhreann Ciorraim. Tha Pàigheadh Ciorraim Inbhich stèidhichte air breithneachadh lèigh agus chan eil e a' toirt fa-near dùil beatha shuidhichte.

## Ag iarraidh gun tèid tabhartas Cuibhrinn Chiorraim a ghluasad gu Pàigheadh Ciorraim Inbhich

Nuair a thèid do thabhartas ath-sgrùdadh ri linn a' gluasaid bhon DLA gu Pàigheadh Ciorraim Inbhich, dh'fhaodadh e:

- a bhith air a chumail mar a tha an-dràsta
- a bhith air a lùghdachadh
- a bhith air a sgar
- a bhith air a mheudachadh.

Bidh e an crochadh ris an t-suidheachadh agad fhèin ciamar a dh'atharraicheas no ma dh'atharraicheas do thabhartas.

Ma tha thu am beachd iarraidh orra do Chuibhreann Ciorraim a ghluasad gu Pàigheadh Ciorraim Inbhich, bu chòir dhut comhairle neo-eisimeileach fhaighinn le bruidhinn ri Citizens Advice Scotland air 0800 085 7145. Bruidhnidh neach-comhairle riut mu dheidhinn do shuidheachadh fhèin agus beachdaichidh sibh air dè bu chòir dhut a thoirt fa-near mus iarr thu orra do ghluasad gu Pàigheadh Ciorraim Inbhich.

## Ciamar as urrainn do Thèarainteachd Shòisealta Alba do chuideachadh?

Faodaidh Tèarainteachd Shòisealta Alba do cheistean a fhreagairt air pròiseas an tar-aiseig agus carson a tha seo a' tachairt.

Faodaidh tu fios fhaighinn air pròiseas an tar-aiseig aig: [mygov.scot/benefit-transfer](https://mygov.scot/benefit-transfer)

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (daoine air bheag claisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](https://contactscotland-bsl.org)



Còmhradh-lìn: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)

Lean ri Tèarainteachd  
Shòisealta Alba



HAPPY TO TRANSLATE  
Cuir fòn air  
0800 182 2222